

TUAIRISGEUL OBRACH

TIOTAL-OBRAICH	Co-òrdanaiche Foghlam Fad Beatha
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Manaidsear Leasachaidh Foghlaim Adhartach.
UALLACH AIRSON	A' co-òrdanachadh rianachd agus phròiseactan Foghlaim Adhartach agus diofar phròiseactan eile aig SMO mar a bhitheas iomchaidh.
SGEÌLE THUARASTAIL	Puing J....
PRÌOMH ÀITE-OBRAICH	Aig Sabhal Mòr Ostaig agus aig an dachaigh, mar a bhios iomchaidh

PRÌOMH AMAS NA H-OBRAICH

A bhith nad Cho-òrdanaiche Foghlam Fad Beatha aig Sabhal Mòr Ostaig. Bidh seo gu h-àraid airson pròiseactan agus chùrsaichean Foghlaim agus eile mar a chithear iomchaidh.

PRÌOMH UALLAICHEAN

A' co-òrdanachadh obair gnìomhach agus rianachd Foghlam Fad Beatha taobh-a-staigh Roinn an Fhoghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig.

A' co-òrdanachadh, agus a' cumail taic rianachd ri pròiseactan agus chùrsaichean fa leth, m.e:

- Cùrsaichean Phreantasachd (FA) agus SVQ,
- Cùrsaichean Goirid sònraichte/spèisealta,
- Pròiseactan Ionnsachadh do dh'Inbhich,
- Pròiseactan le taic bho Flexible Workforce Development Fund (FWDF)
- Pròiseactan a' ruith le taic ionmhais Bhòrd na Gàidhlig, m.e Tachartasan Dheugairean

A' cur taic ri bhith a' rianachd chùrsaichean trèanaidh do dh'oidean agus luchd-obrach eile a tha an sàs anns na pròiseactan fa leth, far a bheil sin iomchaidh.

A' cumail rian air buidseatan agus air obair ionmhas an cois nan cùrsaichean agus nam pròiseactan seo (ann an com-pàirteachas le Oifis Ionmhais na Colaiste).

A' cur taic ri bhith a' cur air dòigh thachartasan margaidheachd, m.e. seiseanan fiosrachaidh airson nan cùrsaichean agus pròiseactan fa leth.

A bhith an sàs ann an leasachaidhean eile na roinne mar a bhios iomchaidh agus a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-obrach eile anns an Roinn.

A' cur taic ri sgrìobhadh iarrtasan airson taic maoineachaidh a thogail, far a bheil e iomchaidh.

A' conaltradh le buidhnean fa leth, m.e. MG ALBA, Bòrd na Gàidhlig, Colaistean agus buidhnean-solarachaidh eile far a bheil sin iomchaidh.

A' gabhail uallach airson feumalachdan cùram (Safeguarding).

Sùil a chumail ri ur sàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd dhaoine eile.

Obair sam bith a dhèanamh ann an deagh àm agus a rèir clàr-ama na roinne/a' Mhanaidseir.

Càileachd na Colaiste a choileanadh agus a leasachadh.

Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas, thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là: 27 Cèitean 2022